

## Ar rùn

Mar bhuidheann leasachaidh eaconamach is choimhearsnachdan Riaghaltas na h-Alba airson ceann a tuath agus taobh siar na h-Alba, tha e na rùn do HIE fàs seasmhach eaconamach a thoirt gu bith anns gach ceàrn den Ghàidhealtachd agus de na h-Eileanan.

## Ar sealladh

Tha sinn a' miannachadh gun soirbhich gu mòr leis a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan agus gum bi deagh chomas-farpais aig an sgìre, sgìre far am bi barrachd is barrachd dhaoine a' roghnachadh fuireach, obair, ionnsachadh agus an cuid maoin a thasgadh.

## Ar prìomhachasan

- A' toirt taic do ghnòthachasan agus do dh'iomairtean sòisealta gus an amasan airson fàs a dhealbh is a chur an gnìomh.
- A' neartachadh choimhearsnachdan is sgìrean cugallach.
- A' leasachadh roinnean cudromach, gu sònraichte cothroman sgìreil sònraichte.
- A' cruthachadh suidheachadh airson sgìre le comas-farpais is nas lugha de charbon.




Highlands and Islands Enterprise  
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

### Fios thugainn

Airson liosta de ar n-oifisean agus fiosrachadh mu mar a chuireas sibh fios thugainn, tadhlaidh air làrach-lìn HIE.

www.[hie.co.uk](http://hie.co.uk)



### Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

Taigh MhicComhainn  
Pàirc Reic agus Gníomhachais Inbhir Nis  
Inbhir Nis IV2 7GF  
f. 01463 234171  
p-d. [info@hient.co.uk](mailto:info@hient.co.uk)



Highlands and Islands Enterprise  
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

# A bheil sibh toilichte le ar seirbheis?

Àrd-amas airson **Alba**

# Bu toigh leinn ur beachdan a chluinntinn

## Ar seirbheisean

Tha e na amas do dh'iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) dèanamh cinnteach gum bi ar seirbheisean a' frithealadh air feumalachdan ar luchd-cleachdaidh agus gum bi iad aig ìre a tha sàr mhath.

Ge-tà, tha fios againn nach bi sinn daonnan a' soirbheachadh chun na h-ìre a bu toigh leinn.

Ma tha sibh teagmhach mu bhuaidh ar seirbheisean, bu toigh leinn cluinntinn bhuaibh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, tadhlaidh air [www.hie.co.uk](http://www.hie.co.uk)

## A' cur fios mur teagamhan

Bidh sinn a' coimhead gu cùramach ri gach teagamh agus gearain a tha aig daoine.

Gu tric, 's e an neach-obrach ris a bheil sibh a' dèiligeadh an duine as fheàrr airson coimhead gu sgiobalta agus gu buadhach ris a' chùis, mar sin bruidhnibh riuthasan an-toiseach.

Ach uaireannan, bidh e nàdarra gum b' fheàrr leibh dèiligeadh ri neach-obrach eadar-dhealaichte.

Às bith dè b' fheàrr leibh, nì sinn oidhirp daonnan cùisean a rèiteach aig an ìre seo sa chiad dol-a-mach.

Mura h-urrainnear a' chùis a rèiteach san spot, tha e na amas dhuinn gum bi i air a rèiteach taobh a-staigh còig làithean-obrach. Ma tha tuilleadh ùine

a dhìth, cuiridh sinn fios thugaibh ag iarraidh oirbh ar leisgeul a ghabhail agus gum mineachadh dè tha a' tachairt.

## Siostam gearain

Ma tha gearain agaibh, tha siostam sìmplidh againn a tha furasta a chleachdadh.

Faodaidh sibh gearain a chur thugainn ann an sgrìobhadh no le bhith a' fònadh, faicibh am fiosrachadh gu h-ìosal.

Leasachadh Gnothachais  
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean  
Taigh MhicComhainn  
Pàirc Reic agus Gnìomhachais Inbhir Nis  
Inbhir Nis IV2 7GF

**p-d: [customer.service@hient.co.uk](mailto:customer.service@hient.co.uk)**  
**f: 01463 244 403**

Thèid rannsachadh a dhèanamh taobh a-staigh na buidhne às leth Ceannard HIE no aon de na stiùirichean aig HIE. Mas ann mu dheidhinn a' Cheannaird fhèin a tha an gearain, thèid an rannsachadh a chumail leis a' Chathraiche.

Gheibh sibh fios gun d'fhuair sinn an gearain agaibh taobh a-staigh trì làithean-obrach. Mar as trice gheibh sibh freagairt cheart is iomlan taobh a-staigh 20 latha-obrach. Ma tha tuilleadh ùine a dhìth oirnn, cuiridh sinn fios thugaibh a' mineachadh carson.

Mura h-eil sinn air cumail ri ar n-inbhean obrach, iarraidh sinn oirbh ar leisgeul a ghabhail, agus minichidh sinn dè tha sinn a' dol a dhèanamh feuch nach tachair a leithid a-rithist.

## Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba

Mura h-eil sibh toilichte fhathast às dèidh do HIE rannsachadh a dhèanamh air a' ghearain agaibh, tha còir agaibh fo Achd Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba 2002 gearain a dhèanamh ri Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba.

Cuimhnichibh gum feumar gearain a chur a-staigh gu Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba taobh a-staigh 12 mìos.

Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba  
4 Sràid Melville  
Dùn Èideann  
EH3 7NS

**f: 0800 377 7330**  
**[www.spsso.org.uk](http://www.spsso.org.uk)**